

Comhairle na Gàidhealtachd

Cuspair Clàir-ghnothaich	6
Àir. Aithisge	G/8/25

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 4 Ògmhios 2025

Tìotal Aithisge: Foghlam Gàidhlig

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha an aithisg seo a' toirt fiosrachadh do Bhuill mu phrìomh raointean leasachaidh o chionn ghoirid taobh a-staigh foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach:

- ceannardas Bun-Sgoil Bhaile an Fhraoich a thaobh ionnsachadh Gàidhlig thar a' churraicealaim gus spiorad mhath is ion-ghabhaltach a chruthachadh airson na Gàidhlig thar na sgoile;
- mapadh mionaideach de sgoiltean airson prìomhachas ro-innleachdail Plana na Gàidhlig (PG) a thaobh a bhith a' meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig mar C2 agus C3 thar bun-sgoiltean na Gàidhealtachd air fad; agus
- cothroman ionnsachaidh proifeiseanta a thaobh ionnsachadh ro-innleachdail airson foghlam Gàidhlig.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i) aithne a thoirt dhan cheannardas a chaidh a shealltainn aig Bun-Sgoil Bhaile an Fhraoich gus ùidh is com-pàirt anns a' Ghàidhlig fhàs thar na sgoile;
- ii) fàilte a chur air an adhartas gu ruige targaid a' Phlana Ghàidhlig airson foghlam Gàidhlig ann an C2 agus C3 anns a' Ghàidhealtachd ann an 6.2;
- iii) toirt fa-near do na cothroman airson ionnsachadh proifeiseanta ro-innleachdail do thidsearan ann am foghlam Gàidhlig; agus
- iv) beachdachadh air na h-ath cheumannan airson foghlam Gàidhlig.

3. Builean

3.1 Goireas – Airson na bliadhna ionmhasail 2025/26, chuir a' Chomhairle a-steach iarrtas Tabhartas Sonràichte na Gàidhlig (TSG) airson £1.3M mu choinneimh caiteachas ro-mheasta de £8M agus chaidh £940,000 fhaotainn.

Tha am maoineachadh a tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad tro TSG a' toirt taic luachmhor seachad airson raon farsaing phròiseactan a tha a' cuideachadh na

Comhairle gus na gealltanasan aice a libhrigeadh fo Phlana na Gàidhlig agus tha a' mhòr-chuid a' dol ri libhrigeadh Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

A bharrachd air prìomh mhaoineachadh na Comhairle agus TSG, bidh buidseat na Gàidhlig cuideachd a' gleidheadh maoineachadh a bharrachd tro thagraidhean airson phròiseactan sònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig, agus Maoin Ro-innleachdail nam Planaichean Gàidhlig (MPG).

- 3.2 Laghail – Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha Earrann 15 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 ga chur mar riatanas gu bheil dleastanas air ùghdarrasan foghlaim air fad brosnachadh agus taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig.
- 3.3 Cunnart – Chan eil cunnartan a' tighinn am bàrr bhon aithisg seo.
- 3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) – Chan eil builean Slàinte is Sàbhailteachd a' tighinn am bàrr on aithisg seo.
- 3.5 Gàidhlig – Tha an aithisg a' cur ri leasachadh foghlam Gàidhlig taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus a' cur taic ri buileachadh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

4. Buaidhean

- 4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.
- 4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.
- 4.3 'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Bun-Sgoil Bhaile an Fhraoich – Cùis Sgrùdaidh mu Ionnsachadh Gàidhlig

- 5.1 Tha Bun-Sgoil Bhaile an Fhraoich suidhichte ann am meadhan Inbhir Nis agus tha i air a bhith fìor ghnìomhach a thaobh ionnsachadh Gàidhlig bho fhìor thoiseach iomairt cànan 1+2. Tha tidsearan clasa air a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig tro chlasaichean cànan agus tha iad a-nis gu misneachail a' libhrigeadh Gàidhlig mar an cànan C3 aca sna h-ìrean as àirde. O chionn ghoirid fhuair iad maoineachadh, tro Sheachdain na Gàidhlig, gus am b' urrainn dhaibh raon chleasan Gàidhlig a libhrigeadh gu clasaichean air fad san sgoil.

Mar thoradh air a seo, chaidh co-chruinneachadh sgoile a chur air dòigh far an deach cuireadh a thoirt do phàrantan tighinn a-steach airson tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn mu chànan is chultar na Gàidhlig agus gus ionnsachadh Gàidhlig fhaicinn a' dol air

adhart san sgoil dhaib' fhèin. Tha Bun-Sgoil Bhaile an Fhraoich na fìor dheagh eisimpleir de sgoil a tha air gabhail gu dùrachdach ris an ionnsachadh Ghàidhlig aca air feadh na sgoile, le taic an dà chuid bho na sgoilearan is bhon luchd-obrach.

5.2



<https://www.facebook.com/100054644400684/videos/1969940036832921/?rdid=M2T7L0dY39puatcg#> – Bhidio Slàn: Seachdain na Gàidhlig aig Bun-Sgoil Bhaile an Fhraoich.

<https://x.com/HighlandCouncil/status/1893960869530272249?t=U2uubUXEeqEgL5ymfNJplw&s=19> – An Comhairliche Raymond Bremner agus Joy Dunlop a' cur Seachdain na Gàidhlig air bhog aig Bun-Sgoil Bhaile an Fhraoich.

6. Prìomhachas Ro-innleachdail PG – Lìbhrig brosnachadh is fàs leantainneach ann am FtG agus FLI aig gach ìre, a' gabhail a-steach lìbhrigeadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan

6.1 Tha Sgioba na Gàidhlig air leantainn air adhart a' dealbhadh tairgse dhìdseatach airson C2 agus C3 airson nan sgoiltean againn sa Ghàidhealtachd. Tha **Eàrr-ràdh 1** a' gabhail a-steach foir-shealladh làithreach a chaidh a cho-roinn le sgoiltean airson am brosnachadh gus pàirt a ghabhail ann am modal nan leasanan beò agus le dòchas gun tig iad gu bhith a' tabhann Gàidhlig mar C2 no C3.

6.2 Mar a tha air aithris ann an eàrr-ràdh PRMS, tha na clàran a leanas a' toirt cunntas às ùr mun adhartas gu ruige targaid PG Chomhairle na Gàidhealtachd de 70% de sgoiltean a' lìbhrigeadh C2 agus C3.

2023/24

Sgìre	C2	C3	Sgoiltean nach eil a' lìbhrigeadh Gàidhlig	Àireamh iomlan sgoiltean	Solar C2/C3 mar cheudad san sgìre
Meadhan	1	9	23	33	30%
Tuath	2	7	21	30	30%
Deas	0	24	26	50	48%
Siar	24	23	7	54	87%

2024/25

Sgìre	C2	C3	Sgoiltean nach eil a' libhrigeadh Gàidhlig	Àireamh iomlan sgoiltean	Solar C2/C3 mar cheudad san sgìre
Meadhan	4	6	23	33	30%
Tuath	3	9	19	30	40%
Deas	0	24	26	50	48%
Siar	27	21	6	54	89%

6.3 Gus an urrainnear sùil a chumail air adhartas a gu ruige 70% de sgoiltean a' tabhann Gàidhlig mar roghainn cànan C2 no C3, chaidh eacarsaich mhapaidd a dhèanamh o chionn ghoirid gus na bun-sgoiltean nach eil fhathast a' tabhann na Gàidhlig a chomharrachadh. Chaidh na sgoiltean sin an uair sin a chur ann am buidhnean ann an òrdugh prìomhachais, le bun-sgoiltean far a bheil a' Ghàidhlig air a tabhann san àrd-sgoil a' faighinn ciad prìomhachas, agus bun-sgoiltean far nach eil a' Ghàidhlig air a tabhann san àrd-sgoil a' faighinn dàrna prìomhachas. Thèid am fiosrachadh seo a chleachdadh a-nis ann an còmhradhean le sgoiltean a' dol air adhart.

6.4 Thèid na cothroman a thaobh a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig a chur air adhart gu dìreach leis na sgoiltean prìomhachais, a' tabhann an dà chuid seiseanan ionnsachaidh taobh a-muigh uairean sgoile do thidsearan agus leasan beò a tha air an libhrigeadh air-loidhne do chlasaichean, a bharrachd air raon de mhodalan fèin-ionnsachaidh a dh'fhaodas a bhith air an dèanamh aig àm sam bith.

https://www.canva.com/design/DAGm8zaeaLg/q8lNz2tWce598TGa7QSw2A/view?utm_content=DAGm8zaeaLg&utm_campaign=designshare&utm_medium=link2&utm_source=uniquelinks&utm_id=h0132d87150 – Sanas airson Gàidhlig 1+2

6.5 Airson tuilleadh taic a thoirt do ionnsachadh Gàidhlig ann an sgoiltean sònraichte, tha sinn cuideachd a' moladh gnìomhan Gàidhlig structaraichte a libhrigeadh aghaidh ri aghaidh gu dìreach do chlasaichean. Bidh Fèisgoil a' solarachadh seo, agus seach gu bheil eòlas dearbhte aice ann a bhith a' libhrigeadh leasan Gàidhlig cuimsichte, bidh seo buannachdail dhuinn gus an àireamh sgoiltean a tha a' libhrigeadh Gàidhlig mar chànan C3 sa Ghàidhealtachd a mheudachadh barrachd.

7. **Cunntas air Ionnsachadh Proifeiseanta airson Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig**

7.1 Thathar an dùil gun toir ùghdarrasan foghlaim agus sgoiltean taic is brosnachadh do chothroman ionnsachaidh proifeiseanta do thidsearan a tha an sàs ann am Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI). Tha seo a' gabhail a-steach a bhith:

- a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tidsearan trèanadh cànan Gàidhlig freagarrach agus leasachadh eòlas-teagaisg fhaighinn;
- a' toirt taic do leasachadh proifeiseanta leantainneach gus sgilean cànan Gàidhlig agus dòighean-obrach teagaisg a chumail suas is a neartachadh; agus
- a' brosnachadh leasachadh ceannardais ann am foghlam Gàidhlig.

7.2 Tha Sgioba na Gàidhlig air obrachadh ann an com-pàirteachas le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam gus cothrom a thoirt seachad ceangal a thogail le Luchd-

sgrùdadh an Rìgh airson Foghlam a thaobh càileachd is leasachadh ann am foghlam Gàidhlig. Bheir seisean mu 'Ionnsachadh Proifeiseanta do cheannardan-sgoile agus àrd luchd-stiùiridh, Comhairle na Gàidhealtachd. Dè cho math 's a tha an roinn Ghàidhlig againn? Fon phrosbaig: Sgrùdadh, Ro-innleachd, Buaidh' seachad na cothroman a leanas:

- A' suidheachadh co-theacsa ro-innleachdail nàiseanta airson Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig: Tog tuigse ioma-chuimseach de na poileasaidhean is na frèaman nàiseanta a bhios a' toirt cumadh do dh'fhoghlam Gàidhlig san àm ri teachd.
- A' leasachadh fèin-mheasadh gus inbhean a leasachadh agus buileachadh a thogail a' cleachdadh thaisbeanairan càileachd agus Comhairle mu Foghlam Gàidhlig: beachdaich air dòighean-obrach fèin-mheasaidh èifeachdach agus cuir an cèill taisbeanairan càileachd gus leasachadh leantainneach a stiùireadh air adhart airson na Gàidhlig.
- A' co-roinn toraidhean sgrùdadh: Ionnsaich bho thoraidhean sgrùdadh o chionn ghoirid gus cleachdaidhean èifeachdach agus raointean leasachaidh a chomharrachadh airson dèanamh cinnteach gu bheil am planadh ro-innleachdail agaibh a' cumail suas leasachadh.

7.3 Tha an t-oideachadh-lìn seo air a stiùireadh le Joan Esson, Neach-sgrùdadh Luchd-sgrùdadh an Rìgh airson Foghlam agus Prìomh Neach-sgrùdadh Roinn na Gàidhlig. Tha an t-ionnsachadh proifeiseanta seo a' toirt cothrom luachmhor do dh'àrd luchd-stiùiridh gus ceum a chumail ri fiosrachadh mu thoraidhean sgrùdadh, soirbheachasan is dùbhlain a dheasbad, agus co-obrachadh air ro-innleachdan gus buaidh a mheudachadh airson FtG agus FLI.

Tha geàrr-chunntas de thoraidhean sgrùdadh ann am foghlam Gàidhlig a thàinig am follais o chionn ghoirid bho Luchd-sgrùdadh an Rìgh airson Foghlam rim faotainn an seo: [A' cur taic ri leasachadh siostaim airson Gàidhlig](#).

7.4 Airson taic a chur ri ionnsachadh na Gàidhlig anns na h-àrd-sgoiltean againn, tha Sgioba na Gàidhlig an dùil in-sheirbheis ionnsachadh proifeiseanta a libhrigeadh san Ògmhios 2025. Tha seo ag amas air ionnsachadh Gàidhlig ann an àrd-sgoiltean agus bidh tabhartasan ann bho Foghlam Alba agus Luchd-sgrùdadh an Rìgh airson Foghlam. Thig na toraidhean a leanas às an in-sheirbheis:

- Lionraidhean ionnsachaidh proifeiseanta airson Gàidhlig mar nuadh-chànan
- Beachdachadh air a bhith ag adhartachadh cànan na Gàidhlig ann an sgoiltean
- A' co-roinn cleachdadh èifeachdach.

8 Foghlam Gàidhlig – Na h-Ath Cheumnan

8.1 Ag Adhartachadh Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig:
Obair chuimsichte ann an sgìrean cuide ri com-pàirtichean gus ceangal leis na leasanan beò a mheudachadh ann am bun-sgoiltean. Bidh fòcas 25/26 ann an Sgìre a Tuath na Gàidhealtachd.

8.2 Ag Adhartachadh Foghlam tron Ghàidhlig:
Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' comharrachadh 40 bliadhna bho chaidh foghlam Gàidhlig a thoirt a-steach. Chaidh a' chiad solar a stèidheachadh ann am Bun-Sgoil a' Mheadhain, Inbhir Nis, ann an 1985. Obraichidh Sgioba na Gàidhlig còmhla ri Sgioba a' Chonaltraidh Chorpóra gus a' chlach-mhìle seo a chomharrachadh agus cur ri

adhartachadh is togail-aire leantainneach a thaobh foghlam Gàidhlig sa Ghàidhealtachd.

8.3 A' Fàs Foghlam tron Ghàidhlig:

Tha Sgioba na Gàidhlig agus Sgioba Planadh na Feachd-obrach air obrachadh còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig gus àrdachadh soirbheachail a thoirt air an àireimh thidsearan a tha a' taghadh na Gàidhealtachd airson na bliadhna pròbhaidh aca. Bidh an obair seo a-nis a' leudachadh gu Oilthigh Shrath Chluaidh airson obrachadh gu ruige a bhith a' meudachadh na h-àireimh de thidsearan àrd-sgoile le teisteanas Gàidhlig a tha a' taghadh na Gàidhealtachd airson na bliadhna pròbhaidh aca.

8.4 Tha iarrtasan airson Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) ann an Loch Àlainn agus sa Chomraich a' leantainn air adhart. Leanaidh oifigearan air adhart ag obair còmhla ris na sgoiltean is na pàrantan gus sgrùdadh a dhèanamh air na dòighean as fheàrr gus taic a chur ri bhith a' fastadh do na dreuchdan airson FtG a stèidheachadh san dà choimhearsnachd.

Ainmeachadh: Kate Lackie, Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-latha: 17 Cèitean 2025

Ùghdaran: Lena Walker agus Ruairidh MacAoidh

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Eàrr-ràdhan: Eàrr-ràdh 1 – Sanas postair mu Ionnsachadh Proifeiseanta Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig do thidsearan agus Leasan Beò do sgoilearan

Gaelic Language Learning Twilights

Course 1

This course covers the first 8 topics in the Go!Gaelic programme.

Led by a Gaelic teacher, and using the modules found on the Northern Alliance Sharepoint Site, you will be shown where to find resources that can then help you deliver Gaelic as a 1+2 language in your class.

Course 1 - Starts Wk/bg 25/08/25

Register Now!

Course 2

This course follows on from Course 1 and covers the remaining topics from the Go!Gaelic programme.

Led by a Gaelic teacher, and using the modules found on the Northern Alliance Sharepoint Site, you will look at and explore the structures and resources found for the remaining topics.

Course 2 - Starts Wk/bg 12/01/26

The Language Learning courses are twilight sessions where you are taught the vocabulary and structures needed to cover the topics in the Go!Gaelic programme.

Absolute Beginners

For classes that have not received any Gaelic 1+2 teaching yet, or for teachers who are not sure where to start.

Looking at the basic topics of Greetings, Feelings, Weather, Numbers and Colours.

Each week explores a new topic, and how we tie these in with the daily routine

Starts Wk/bg - 25/08/25

Register Now!

Gaelic L3 Live Lessons

Extension

For classes that have attended the Beginners' class or have received some Gaelic teaching in the past.

These lessons build on the vocabulary taught in the Beginners' class and look at progressing language use in each topic.

Each week explores a new topic and how these can be used in class.

Starts Wk/bg - 27/10/25

Live Lessons are online lessons where your class joins a GLOW Teams meet with other classes and is led by a Gaelic speaker. The language is introduced to the class and then time is given to you to play the interactive games. This team-teaching approach builds confidence with both teachers and pupils.